

Prìomhachasan Plana CLD 2021-24

Is e plana trì bliadhna a th' anns a' Phlana Ionnsachaidh is Leasachaidh Coimhearsnachd Com-pàirteachais (Community Learning and Development - CLD) againn le fòcas sònraichte anns a' chaid bhliadhna air mar a dhèiligeas sinn ri leasan a' ghalair lèir-sgaoilte agus ris an tuigse a tha sinn a-nis a' faighinn air cò air a thug e a' bhuaidh a bu mhotha.

Bidh sinn ag atharrachadh libhrigeadh gus barrachd taic aghaidh-ri-aghaidh a thoirt do dhaoine agus gus cothroman a chruthachadh do dhaoine a bhith ag ath-cheangail ris na coimhearsnachdan aca. Cumaidh sinn oirnn a bhith a' cur ri agus a' toirt piseach air na tha sinn a' tabhann air-loidhne. Is e fear de na leasan matha a dh'ionnsaich sinn sna 18 mìosan a dh'fhalbh an dòigh anns a bheil mòran de na coimhearsnachdan agus luchd-ionnsachaidh fa leth againn air gabhail ris an t-saoghal bhiortail.

Mar chom-pàirteachas CLD ro-innleachdail, tha sinn cuideachd air atharrachadh agus air gluasad air adhart do choinneamhan air-loidhne, a' dèanamh cinnteach gu bheil com-pàirtichean ceangailte agus a' gabhail pàirt. Chaidh am Plana CLD Com-pàirteachais ùraichte seo fhiosrachadh leis na com-pàirtichean bho na seallaidhean agus bhon tuigse aca fhèin agus mar fhreagairt air beachdan aig luchd-ionnsachaidh, buidhnean coimhearsnachd agus aig a' mòr-shluagh.

Chithear an lèirsinn againn gu h-ìosal:

Tha Com-pàirteachas Ionnsachaidh is Leasachaidh Coimhearsnachd (CLD) èifeachdach againn ann am Moireibh a tha dealasach a thaobh a bhith a' cuideachadh ar coimhearsnachdan gus ath-shlànachadh bho bhuaidh a' ghalair lèir-sgaoilte.

Tha sinn a' tuigsinn nach deach buaidh a thoirt air a h-uile duine san aon dòigh agus tha sinn airson ar cuideachadh a chumseachadh air an fheadhainn a gheibheadh a' bhuanachd a bu mhotha bho na h-oidhirpean againn uile.

Tha an obair air fad againn a rèir nam Builean CLD Nàiseanta (faic eàrr-ràdh 2) agus fòcas Com-pàirteachas Dealbhaidh Coimhearsnachd nam Prìomhachasan Leasachaidh Bhuilean Ionadail (LOIP), agus tha i a' cur ri:

- Cothroman beatha muinntir Mhoireibh aig gach aois ann an coimhearsnachdan a tha a' fulang bhon ne-ionannachd as motha a thaobh builean.
- Togail choimhearsnachdan nas treasa, nas seasmaich, nas taiceile, nas buadhmoire is nas in-ghabhalaich

Prìomhachasan – tha sinn air ceithir eileamaidean a chomharrachadh sa Phlana CLD Com-pàirteachais againn, a tha stèidhichte air grunn chuspairean a ghearras tarsainn air tèaman.

- Ag Ionnsachadh airson beatha (cothrom nas fheàrr air ionnsachadh).
- Saoranaich gnìomhach agus coimhearsnachdan gnìomhach.
- Com-pàirteachadh agus Guth Coimhearsnachd.
- Leasachadh an Luchd-obrach.

Tèaman a ghearras tarsainn air cuspairean

- A' cur aghaidh air dùthchalachd agus bochdainn.
- A' cur ri slàinte is sunnd inntinn.
- A' cur aghaidh air iomallachd shòisealta agus a' cuideachadh dhaoine gus ath-cheangal.

Tha an earrann seo a' sealltainn ar Teòirig Atharrachaidh shìmplidh; a' mìneachadh nam prìomhachasan agus tha geàrr-chunntas de thèaman a' Phlana ann an grafaig aon duilleig.



Prìomhachas 1 – Ionnsachadh airson beatha – cothrom nas fheàrr air ionnsachadh

Teòirig de dh'atharrachadh

Tachraidh ionnsachadh fad ar beatha agus tachraidh e ann an diofar dhòighean is shuidheachaidhean.

Tha sinn ag aithneachadh gu bheil barrachd chnapan-starra aig cuid de dhaoine le bhith a' faighinn cothrom air ionnsachadh, agus gu bheil buaidh leantainneach aig seo air na cothroman beatha aca.

Obraichidh sinn gus cuir às do chnapan-starra airson ionnsachadh gus am bi cothrom nas motha aig daoine an làn chomas a ruighinn, gus am bi slàinte, sunnd, comas obrach agus càileachd beatha nas fheàrr aca.

Cothroman beatha nas fheàrr do dhaoine aig a bheil an neo-ionannachd as motha a thaobh builean

- Sgilean airson beatha agus obair (m.e. Sgilean Riatanach, ESOL, teisteanasan, sgilean boga, comas obrach is mar sin air adhart.)
- Sgilean didseatach
- Ionnsachadh teaghlaich is eadar-ghinealaich.
- Taic do dh'òigridh airson a dhol a-steach a dh'obair no obair shaor-thoileach.
- Barrachd cothroman ionnsachaidh do dh'inbhich stèidhichte sa choimhearsnachd.

Prìomhachas 2 – Saoranaich agus coimhearsnachdan gnìomhach

Teòirig de dh'atharrachadh

Mar chom-pàirteachas tha sinn gu mòr airson piseach a thoirt air a' chomas againn a bhith a' com-pàirteachadh leis na coimhearsnachdan againn oir tha sinn den bheachd gum bi builean nas fheàrr ann mar thoradh air seo.

Obraichidh sinn ann an com-pàirteachas leis na buidhnean agus comainn coimhearsnachd againn gus na rudan a tha cudromach dhaibh fhèin agus do na coimhearsnachdan aca a thoirt air adhart.

Coimhearsnachdan nas treasa, nas seasmhaich, nas taiceile, nas buadmhoire is nas in-ghabhalaich

- A' cur luach ann an saor-thoilich
- A' cumail oirnn a' toirt taic do bhuidhnean gnìomh coimhearsnachd
- Trèanadh do bhuidhnean gus am fàs is an leasaich iad.
- Dòigh-obrach stèidhichte air nàbachdan gus planaichean a chruthachadh a tha fo sheilbh na coimhearsnachd
- A' cruthachadh Planaichean Ath-leumachd Coimhearsnachd

Tèaman ath-bheothachaidh COVID-19 a ghearras tarsainn air cuspairean

- A' cur aghaidh air dùthchalachd agus bochdainn ann am Moireibh.
- A' cur ri slàinte is sunnd inntinn.
- A' cur aghaidh air iomallachd shòisealta agus a' cuideachadh dhaoine gus ath-cheangal.

Tèaman LOIP

- Cothroman beatha nas fheàrr do dhaoine de gach aois – a tha fulang bhon neo-ionannachd as motha a thaobh builean.
- A' cruthachadh coimhearsnachdan nas treasa, nas seasmhaich, nas taiceile, nas buadmhoire is nas in-ghabhalaich.

Prìomhachas 3 – Com-pàirteachadh agus guth Coimhearsnachd

Teòirig de dh'atharrachadh

Tha comas nas fheàrr aig daoine aig a bheil barrachd smachd air am beatha a bhith a' cur ri atharrachadh.

Tha sinn airson a dhèanamh àbhaisteach gum bi muinntir Mhoireibh an sàs ann an deasbadaid mu sheirbheisean agus ceistean ionadail – agus gum bi muinntir na sgìre a' faireachdainn gun urrainn dhaibh cur ri builean nas fheàrr.

Obraichidh sinn leis na coimhearsnachdan gus na pròiseasan againn a cho-dhealbhadh gus am bi iad in-ghabhalach agus ruigsinneach bho thùs.

Coimhearsnachdan nas treasa, nas seasmhaich, nas taiceile, nas buadmhoire is nas in-ghabhalaich

- A' togail air lìonraidhean agus fòraman a th' ann mar-thà gus cur ri com-pàirteachadh coimhearsnachd in-ghabhalach.
- Cuir an gnìomh barrachd buidseatadh com-pàirteachaidh.
- Leasaich Moireibh mar phrìomh bhuidheann ann an com-pàirteachadh in-ghabhalach a bhios a' toirt a-steach an fheadhainn aig a bheil na cnapan-starra as motha ann an dòigh ghnìomhach.
- Cuir ri cothroman do dh'òigridh a bhith a' coinneachadh agus a' bruidhinn air cuspairean a tha cudromach dhaibh.

Prìomhachas 4 - Leasachadh an Luchd-obrach

Teòirig de dh'atharrachadh

Tha ceangal làidir eadar ionnsachadh proifeasanta agus leasachadh sheirbheisean agus mar chom-pàirteachas tha sinn gu mòr airson ar comas fhèin a leasachadh.

Obraichidh sinn gus deagh shlighean trèanadh agus leasachaidh a lìbhrigeadh anns na coimhearsnachdan tro chothroman ionnsachaidh agus taic tro lìonraidhean ionadail, roinneil agus nàiseanta.

Coimhearsnachdan nas treasa, nas seasmhaich, nas taiceile, nas buadmhoire is nas in-ghabhalaich

- Sgilean didseatach airson ionnsachadh.
- Lìonradh agus trèanadh gus piseach a thoirt air misneachd le bhith a' dèanamh obair com-pàirteachais
- Barrachd tuigse air dòigh-obrach stèidhichte air còraichean
- Slighean obrach agus slighean adhartachaidh gus luchd-obrach CLD fhàs agus gus cuir ri an cuid sgilean.
- Dòigh-obrach com-pàirteachaidh a thaobh trèanadh do bhuidhnean agus comainn coimhearsnachd.

Ionnsachadh fad Beatha

Obraichidh sinn gus cuir às do chnapan-starra airson ionnsachadh gus am bi cothrom nas motha aig daoine an làn chomas a ruighinn, gus am bi slàinte, sunnd, comas obrach agus càileachd beatha nas fheàrr aca.

- Cothrom aig barrachd dhaoine ann am Moireibh air cothroman ionnsachaidh.
- Tha cothroman ionnsachaidh rim faighinn ann an diofar chruthan gus cur ri ruigsinneachd air feadh Moireibh.

Com-pàirteachadh agus Guth Coimhearsnachd

Obraichidh sinn leis na coimhearsnachdan gus na pròiseasan againn a cho-dhealbhadh gus am bi iad in-ghabhalach agus ruigsinneach bho thùs.

- Bidh barrachd dhaoine a' dol an sàs ann an gnothaichean coimhearsnachd airson a' chiad uair.
- Tha com-pàirtichean CLD nas èifeachdaiche air conaltradh le, agus a' toirt a-steach, daoine ionadail.

Saoranaich agus Coimhearsnachdan Gnìomhach

Obraichidh sinn ann an com-pàirteachas leis na buidhnean agus comainn coimhearsnachd againn gus na rudan a tha cudromach dhaibh fhèin agus do na coimhearsnachdan aca a thoirt air adhart

- Tha muinntir an àite an sàs gu gnìomhach ann a bhith a' dèanamh cho-dhùnaidhean ionadail agus ann a bhith a' comharrachadh prìomhachasan ionadail.
- Tha barrachd dhaoine a' faireachdainn gu bheil guth aca agus gu bheil iad a' dèanamh diofar.

Leasachadh an Luchd-obrach

Obraichidh sinn gus deagh shlighean trèanaidh agus leasachaidh a lìbhrigeadh tro chothroman ionnsachaidh agus taic tro lionraidhean ionadail, roinneil agus nàiseanta.

- Tha luchd-obrach Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd sgileil is misneachail againn ann am Moireibh.
- Cothrom aig barrachd bhuidhnean agus comainn coimhearsnachd air trèanadh is ionnsachadh.

Airson barrachd fiosrachaidh, cuir fios gu:
Karen Delaney, Oifigear Com-pàirteachas

Roinnleachdail is Poileasaidh

karen.delaney@moray.gov.uk

Tel :07800 670 692

